

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 9 | 2015 | AN T-SULTAIN

Facal Toisich

Dè an luach a tha ann an duine? Leugh mi bho chionn ghoirid mu chluicheadair ball-coise a tha a' cosnadh barrachd ann an seachdain na a tha Prìomhair Bhreatainn a' faighinn mar thuarasdal ann am bliadhna. A bheil sin a' ciallachadh gu bheil an obair a tha an cluicheadair sin a' dèanamh ann an seachdain cho luachmhor ris an obair a nì Prìomh Mhinistear na dùthcha ann am bliadhna? Saoilidh mi nach eil.

Thubhairt Iosa, *Chan ann am mòr-phailteas nan nithean a tha e a' sealbhachadh a tha beatha an duine.* Chan urrainn dhut neach a mheas a rèir dè na tha aige de chuid an t-saoghail seo no dè cho soirbheachail agus a tha e.

Dè an luach a tha ann am beatha an duine? Ciamar a thèid againn air luach neach sam bith a thomhas?

Anns an ochdamh salm bha Daibhidh a' gabhail beachd air cho iongantach agus a tha an saoghal cruthaichte. Gu h-àraidh nuair a thogadh e a shùilean an-àird agus a chitheadh e an iarmailt os a chionn, 's dòcha air oidhche rionnagach, an coimeas ris an t-sealladh mhìorbhaileach a tha sin bha an duine a' coimhead cho beag agus cho meanbh.

An-diugh tha barrachd eòlais againn air cho farsaing agus a tha an cruinne-cè seach mar a bha aig an t-salmadair. Anns an luchar chaidh saiteal seachad air Pluto an dèidh astar trì millean mìle a shiubhal, air turas a mhair barrachd air naodh bliadhna. Tha an duine a' coimhead cho beag ann an saoghal cho fìor-farsaing. Ach 's e a' phuig a tha aig an t-salmadair an seo cuideachd, chan e cho meanbh agus a tha clann nan daoine ach cho luachmhor agus a tha gach aon againn ann an sealladh Dhè.

**Leis gach beannachd,
Ruairidh MacLeòid.**



Seo dealbh a thog Linda Gowans de dh'eaglais Bharraigh ann an Cuidhir. Tha Barraigh air coitheanal cho beag ach a tha ann an Eaglais na h-Alba, ach tha an slugh dileas agus dicheallach. Tha Uibhist a Deas agus Barraigh a-nis ceangailte ri chèile mar choitheanal agus tha iad mar phàirt de Chlèir Earra Ghàidheal. Seo aon de na coitheanalan a tha a' lorg ministear.

Cùil nan Ceist

Air a' mhìos seo tha sinn gur ceasnachadh mu rudan luachmhor air a bheil iomradh againn anns a' Bhìoball. Gheibh sibh na freagairtean anns a' chaibideil a tha sinn ag ainmeachadh. Tha fuasgladh nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Dè a bha luachmhor don t-salmadair? (Salm 139.)
2. Lìon a' bheàrn – "Nas luachmhoire gu mòr na – a thèid am mugha."
(1 Peader, caibideil 1.)
3. Dè an rud luachmhor airson an do reic an ceannaiche na bha aige?
(Mata, caibideil 13.)
4. Dè a tha nas luachmhoire na na seudan? (Gnàth-fhacail, caibideil 3.)

Doras a tha a-Ghnàth Fosgailte

Chleachd bileagan beaga Gàidhlig a bhith a' tighinn a-mach, cuid dhùibh fo iùl Bòrd na Dachaigh aig Eaglais na h-Alba. Bha iad 'nam meadhan air a bhith a' toirt teachdaireachd an t-Soisgeil do Ghàidheil. Chuir an t-Urr. Iain M. Mac a' Ghobhainn ann an Uibhist a Tuath thugainn tè de na duilleagan soisgeulach sin agus tha sinn glè thoilichte na bha sgrìobhte annta a thoirt am follais an seo.

Bha ann am baile beag anns a' Ghàidhealtachd gille òg a bha a' smaoinichadh gu robh cuing na dachaigh tuilleadh agus cruaidh air a shon, agus coltach ris a' mhac stròdhail, shaoil e gun soirbhicheadh cùisean na b'fheàrr leis nam fàgadh e i. Rinn e sin, agus sheòl e air bàta gu tìr chèin agus dh'fhàg sin cridhe a phàrantan glè ghoirt.

Chaidh mu fhichead bliadhna seachad agus cha do sgrìobh an gille a dh'ionnsaigh na dachaigh. Ach latha de na làithean 's ann a thàinig am bàta air an robh an gille 'na sheòladair gu port faisg air baile 'àraich agus mhiannaich e an t-seann dachaigh fhaicinn. B'è an oidhche a bha ann nuair a ràinig e an dachaigh agus cha robh solas idir innte. Cho-dhùin e gur ann air bàsachadh a bha a phàrantan, no gu robh iad air an dachaigh fhàgail. Chuir e car de ghlais an dorais agus dh'fhosgail an doras. 'S e guth a mhàthar a' cheud nì a chuala e agus i a' cur na ceist, *Cò a tha siud?* Fhreagair an gille, *Tha do mhac.*

Thug mi fichead bliadhna a' feiteamh ris an oidhche nochd, ars a mhàthair le gairdeachas,

A bheil m'athair beò? ars an gille.

Tha, ars a mhàthair.

'S ann a tha e a' cur iongnaidh orm, ars an gille, gu robh an doras fosgailte romham, oir chan fhaca mi m'athair riamh gun an doras a ghlasadh an toiseach.

Ta, a mhic, ars a mhàthair, bhon latha a dh'fhàg thusa an dachaigh

cha do ghlas d'athair an doras riamh oir bha e an dòchas gun tilleadh tu fhathast.

Sin, ma tha, dealbh ormsa agus ort fhèin. Dh'fhàg sinn taigh ar n-Athar nèamhaidh agus thionndaidh sinn gach aon gu a shlighe fhèin. Ach chuir Dia a Mhac gar lorg, agus thàinig Esan a shireadh agus a theàrnadh an nì sin a bha caillte. Nach fhada bho bha sùil aige rinn dhachaigh. Tha a ghràdh gar n-ionndrain agus cha bhi e riarichte gus am pill sinn a dh'ionnsaigh an ullachaidh a rinn E air ar son.

Carson, ma tha, a dh'fhanamaid latha eile air falbh bhuaithe agus E ag ràdh, *Feuch, cuir mi doras fosgailte romhad nach urrainn neach air bith a dhùnadh.*

O m'anam feuch gum pill thu nis

Gud shuaimhneas is gud thàmh,

Oir dheònaich Dia gu saidhbhir dhut

Mòr thoirbheartas a làimh.

“Oir-bhaile Nèimh”

Bha an t-Urr. Murchadh Caimbeul, nach maireann, air ministear a rinn làrach air iomadh beatha mar shearmonaiche cumhachdach, mar aoghair dìleas agus mar sgrìobhaiche tlachdmhor. Rugadh e ann an Suaineabosd ann an sgìr Nis ann an Leòdhas ann an 1900 agus fhuair e bàs ann an 1974. Bhuineadh e do theaghlach a bha air leth tàlantach. Bha a bhràthair, Aonghas, am Puilean, 'na bhàrd, agus sgrìobh e eachdraidh a bheatha anns an leabhar, *A' Suathadh ri Iomadh Rubha*. Bha bràthair eile, air an robh Aonghas cuideachd, am Bocsair, 'na bhàrd comasach, agus tha leabhar Mhurchaidh, *Tobraichean Sòlais*, a' dearbhadh nach robh esan air deireadh air a bhràithrean a thaobh comasan bàrdachd.

Ann an 1933 chaidh an t-Urr. Murchadh Caimbeul a phòsadh ri coitheanal na h-Eaglaise Saoire ann an Gleann Mhoireasdain. Aig an àm sin bhiodh seirbheisean air an cumail anns an sgìr ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. An ceann cheithir bliadhna ghabh e ri gairm o choitheanal Gàidhealach Phartaig ann an Glaschu, coitheanal eile far am biodh e a' searmonachadh ann am Beurla agus

Leabhraichean

'S iomadh leabhar a chaidh a sgrìobhadh mu Chalum Chille agus mun làrach a dh'fhàg e fhèin agus a luchd-leantainn air creideamh agus air eachdraidh na h-Eireann agus na h-Alba. Ged a bha e beò anns an t-siathamh linn, tha sgoilearan fhathast a' beachdachadh air an dualchas a dh'fhàg e às a dhèidh. Mun cuairt oirnn tha iomadh ainm àite a tha a' cumail a chliù far comhair.

Chuir Urras nan Leabhraichean dà cho-chruinneachadh air dòigh anns an robh sgoilearan on dà thaobh de Shruth na Maoile a' toirt seachad òraidean air Calum Cille agus air cuspairean a bhuineas don Eaglais Cheiltich. Bha na coinneamhan sin ann an Dùn nan Gall agus ann an Leòdhas. Anns an leabhar seo gheibhear aon deug de na pàipearan a thugadh seachad, sgrìobhte ann am Beurla, ann an Gàidhlig na h-Alba agus ann an Gàidhlig na h-Eireann. An seo chì sinn na ceanglaichean eadar an dà Ghàidhealtachd agus bha agus tha Calum Cille mar dhrochaid a tha

In Search of Colmcille. The Legacy of St. Columba in Ireland and Scotland.

(air fhoillseachadh le Islands Books Trust, €9.99)

gan ceangal ri chèile. Anns na bliadhnan mu dheireadh tha na ceanglaichean sin air fàs nas dlùithe agus daoine a' tadhal air àiteachan a bhuineas do dh'eachdraidh na h-Eaglais.

Tha an leabhar seo a' dèiligeadh ri iomadh cuspair feumail. Tha sinn a' leughadh mu na sgeulachdan a tha air tighinn a-nuas ann am beul-aithris co-cheangailte ri saothair agus ri beatha an teachdaire seo a tha cho ainmeil ann an eachdraidh. Tha an t-Oll. Dòmhnall Meek a' sgrìobhadh gu toiniseil mu na beachdan a tha air èirigh co-cheangailte ri “Crìosdalachd Cheilteach”. Chan e a-mhàin eachdraidh a tha anns an leabhar, oir tha sinn a' faicinn mar a tha ainm Chalum Chille ceangailte ri iomairtean ann an Eirinn agus ann an Alba a bhuineas don latha an-diugh.

Leabhar le mòran fiosrachaidh a chòrdas ri luchd-leughaidh aig a bheil ùidh nar dualchas spioradail.

ann an Gàidhlig. An dèidh bhliadhnachan glè thrang a chur seachad a' saothreachadh anns a' bhaile mhòr, ghluais e gu Ruigh Sholais ann an siorrachd Rois, gus an do leig e dheth uallach na h-obrach ann an 1967. Bha dlùth-dhàimh aige ris na trì coitheanalan anns an robh e a' saothreachadh. Ann an 1956 bha e 'na Mhoderàtor air Ard-sheanadh na h-Eaglaise Saoire.

Sgrìobh Murchadh Caimbeul seachd deug de leabhraichean a thug tlachd agus teagasg don luchd-leughaidh agus air a bheil fèill fhathast. Bhiodh e a' cumail leabhar-latha, agus a-nis a tha a mhac, Daibhidh, air cuibhreannan às na leabhraichean-latha aig athair a thoirt còmhla fon ainm, *The Suburbs of Heaven*. Tha a' cheud chuid den leabhar seo a' tòiseachadh le pòsadh Mhurchaidh ri coitheanal Ghleann Mhoireasdain ann an 1930, agus a' ruith gu 1941. An dèidh beàrn de ghrunn bhliadhnachan tha an darna pàirt a' leantainn o 1953 gu 1970.

Tha an leabhar seo a' toirt seallaidh dhuinn air an t-seòrsa duine a bha ann am Murchadh Caimbeul agus air a mhinistrealachd ann an trì sgìrean eadar-dhealaichte. Tha e a' leigeil ris nan smuaintean agus nam faireachaidhean pearsanta a bha ag èirigh 'na inntinn. Bha beachdan daingeann aige agus cha do ghluais e o bhunaitean eaglais an Ath-leasachaidh.

'Na leabhar-latha bhiodh Mgr. Caimbeul a' gabhail beachd air na bha a' tachairt anns an t-saoghal mhòr mun cuairt air. Anns a' Ghiblean 1941 nuair a bha cùisean a' coimhead glè dhorchach do Bhreatann agus a h-uile coltas gu robh an latha leis an nàmhaid, sgrìobh e litir chun a' Phrìomhaire Winston Churchill a' cur an cèill gu robh e den làn bheachd gum biodh a' Ghearmailt air a ceannsachadh air a' cheann mu dheireadh. Sgrìobh e chun an t-soisgeulaiche Amaireaganaich, Billy Graham, agus ged nach robh iad air an aon ràmh air cuid de phuingean, fhuair e freagairt a bha càirdeil.

Anns an leabhar-latha chì sinn mar a bha e a' còrdadh ri searmonaichean Soisgeulach nach buineadh don eaglais aige fhèin. Dh'èisd e le tlachd ris a' mhinistear Cuimreach Màrtainn Lloyd-Jones. Bha e duilich nuair a bha e a' smaoinachadh gu robh Eaglais na h-Alba a' cur cùil ris na bunaitean. Ach rinn e moladh mòr air òraid

a chuala e o mhinistear ann an Eaglais na h-Alba, an t-Urr. Seumas Philip.

Bha na Gàidheil a' toirt àite don dà shealladh agus bha daoine sònraichte 'nam measg a bhiodh a' faighinn taisbeanaidh ro-làimh air rudan a bha a' dol a thachairt. Bha ministearan Gàidhealach ann a bha a' faighinn thaisbeanaidhean a bha gam mìneachadh ann an dòigh spioradail. Bha Murchadh Caimbeul air fear de na ministearan sin a bha a' faireachadh gu robh Dia a' toirt seallaidh dhaibh agus bha ciall anns na h-aislingean a bha iad a' faicinn.

Bhiodh Murchadh Caimbeul a' gabhail a h-uile cothrom air a bhith ag innse do dhaoine eile mu Chrìosd a bharrachd air a bhith a' moladh an t-Slànaigheir 'na shearmonaichean agus 'na sgrìobhaidhean. Ann an 1962 chaidh e air an itealan gu Comanachadh Uibhist a Tuath. Air a' phlèana a' dol ann agus a' tilleadh bhruidhinn e mu Chrìosd ris an neach a bha 'na shuidhe ri a thaobh.

Tha an leabhar seo air a dheagh dheasachadh le notaichean a bheir treòrachadh don leughadair mu dhaoine agus mu thachartasan a tha air an ainmeachadh anns na leabhraichean-latha. Air a h-uile duilleag gheibh am fear-leughaidh rud-eigin a ghlacas 'aire agus a chuireas gu rannsachadh e.

(Tha *The Suburbs of Heaven* air fhoillseachadh le *Covenanters Press* agus tha e a' cosg £12.95.)

Am Moderàtor air Chuairt

Air a' mhìos seo bidh Moderàtor an Ard-sheanaidh, an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan, a' siubhal air dà chlàir air a' Ghàidhealtachd air a' mhìos seo. Bidh e a' tadhal air tìr-mòr Earra Ghàidheal agus tadhlaidh e cuideachd air Tìroth. Bidh e a' gabhail compàirt ann an co-labhairt a tha Clèir Earra Ghàidheal a' cumail ann am Port a' Mhadaidh. Bha e fhèin 'na mhinistear anns an Oban agus bha a phàrantan a' fuireach anns a' bhaile. Bidh e cuideachd a' cur cuairt air Clèir Loch Abar.

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Tha sinn a' faicinn anns an àm seo gu dorchach tre ghloine." Tha na faclan

sin ann an ceud litir nan Corintianach, an treas caibideil deug, aig an darna rann deug. (1 Corintianaich 13:12.) 'S e sgàthan a tha Pòl a' ciallachadh nuair a tha e a' bruidheann air gloine. Anns an t-saoghal seo tha iomadh rud ann nach eil sinn a' tuigsinn. Tha sinn coltach ri cuideigin a' coimhead ann an sgàthan a tha rud-eigin salach. Ach bha an t-abstol a' coimhead ri latha nuair nach biodh sgleò air a shùilean. Chìtheadh e rudan mar a tha iad. Chìtheadh e Dia aghaidh ri aghaidh. Ach cha tachradh sin anns a' bheatha seo.



Bha daoine a' gearan air cho beag agus a chunnaic sinn den ghrèin air an t-samhradh seo. Bha

gaoth agus uisge againn anns an luchar a bha na bu choltaiche ri side an fhoghair. Bha truas againn ri luchd-turais a bha a' cur cuairt air a' Ghàidhealtachd. Cha robh e furasda tachartasan a chumail a-muigh. Ach glè thrìch chan eil an droch shìde a' cur dragh air luchd-turais. Tha maise a' chruthachaidh a' còrdadh riu ged a bhiodh e fliuch agus ceòthach. Bidh dùil againn ri làithean taitneach anns an t-Sultain. Bidh mòran dhaoine a' dol air làithean saora aig an àm seo den bhliadhna. Glè thrìch tha làithean taitneach grianach againn ann am mìos na Sultain.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Cha cheil amadan a bheachd." (A fool does not hide his opinion.) Tha

amannan ann nuair a dh'fheumas sinn ar beachd a thoirt seachad. Ach tha amannan eile nuair a tha e nas glìce gun facal a labhairt. Cha dèan sinn ach cùisean a dhèanamh nas miosa ma bheir sinn beachd seachad. Tha leabhar Ecclesiastes ag ràdh gu bheil àm ann airson a bhith a' labhairt agus àm ann airson a bhith nar tosd. Bha amannan ann nuair a bha losa a' labhairt. Bha amannan eile ann nuair nach tubhairt E facal. Bha fios aige cuin a bha e glìc a bhith tosdach.



Tron t-samhradh bha eagal air daoine gum biodh sgiobaidhean nam bàtaichean-aiseig a' dol air stailc.

Chuireadh sin bacadh air luchd-siubhail eadar tìr-mòr agus na h-eileanan. Cha bhiodh biadh agus bathar anns na bùithean. Tha sinn a' tuigsinn cho feumail agus a tha na bàtaichean a tha a' ceangal nan eileanan ri tìr-mòr. An-diugh tha bàtaichean nas motha againn agus nas luaithe againn agus tha na slighean nas giorra. Tha còir againn a bhith taingeil do na seòladairean a bhios a' cumail nam bàtaichean-aiseig a' ruith anns a h-uile seòrsa side, ri teas an t-samhraidh agus ri stoirmean a' gheamhraidh.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*Tha 'n ceann bha crùint' le droigheann cruaidh
Nis cuartaichte le glòir',
'S tha coron rìgh is rìomhach snuadh
Mun aghaidh bhuadhaich, mhòir.*

Seo eadar-theangachadh den cheud cheathramh den laoidh Bheurla, *The Head that once was crowned with thorns*, le Tòmas Kelly (1769-1854), ministear Eireannach. 'S e Iain Mac Ghille Bhàin a thionndaidh an laoidh gu Gàidhlig. Bhuineadh e do dh'eilean Eisdeil, agus bu bhràthair e don fhear-sgrìobhaidh, Eanraig Mac Ghille Bhàin. Tha faisg air trì fichead de na h-eadar-theangachaidhean aig Iain anns an *Leabhar Laoidhean* a chuir eaglais Chalum Chille ann an Glaschu a-mach ann an 1906.

CREIDEAMH ANN AM BARDACHD

Air a' mhìos seo bidh na coinneamhan aig Comunn Gàidhlig Inbhir Nis a' tòiseachadh airson seisein eile. Bidh ùidh aig leughadairean nan *Duilleag* ann an òraid a chluinnear air an ath mhìos. Air an deiceamh latha fichead den Dàmhair bidh Mailios Caimbeul a' bruidheann air creideamh agus beachdan air creideamh a gheibhear ann am bàrdachd Ghàidhlig na ficheadamh linn. Tha Mgr. Caimbeul e fhèin air fear de bhàird shònraichte ar latha agus euoltach ris a' mhòr-chuid de na bàird an-diugh chan eil e leisg ann a bhith a' cur an cèill gu bheil e 'na Chrìosdaidh.

BOIREANNACH EUDMHOR

Rinn a' Bhan-tighearna Ghleann Urchaidh (1741-1784) obair mhòr ann a bhith a' craobh-sgaoileadh an t-Soisgeil ann an Alba anns an ochdamh linn deug. Bhuineadh i do theaghlach beairteach, agus chleachd i a h-ionmhas ann a bhith a' togail eaglaisean agus ann a bhith a' toirt taic do mhinistearan Soisgeulach. 'S i a chosg ris an eadar-theangachadh a rinn an t-Urr. Iain Mac a' Ghobhainn air an leabhar aig Iòseph Alleine, *Alarm to the Unconverted*, fhoillseachadh ann an 1781. Bha ath-bheothachadh spioradail anns an sgìr ann an Earra Ghaidheal far an robh Mac a' Ghobhainn 'na mhinistear nuair a thòisich e a' leughadh phiosan on eadar-theangachadh on chùbaid.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu rudan luachmhor. 1. Smuaintean Dhè. 2. —òr—. 3. Neamhnaid. 4. Gliocas.

EAGLAISEAN PARLAMAID

Air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean thogadh tràth anns an naodhamh linn deug eaglaisean "Pàrlamaid" air an dealbh le Tòmas Telford. Chan eil fios aig a h-uile duine gu bheil ceangal eadar na h-eaglaisean agus na mansaichean a thogadh aig an àm sin agus Cogadh Napoleon. Dh'aontaich Pàrlamaid Bhreatainn ann an 1823

gum biodh na togalaichean seo air an cur suas mar thaingealachd airson mar a thugadh a' bhuaidh a-mach an dèidh bliadhnan mòra de choimhstrith air tìr-mòr na Roinn Eòrpa agus cho fada air falbh ris an Eiphit.

DUGHALL BOCHANAN

Bhiodh ar sinnsirean dèidheil air na dàin spioradail aig Dùghall Bochannan. Tha Dòmhnall Meek agus Dòmhnall Uilleam Stiùbhart air rannsachadh mòr a dhèanamh air beatha agus saothair a' bhàird agus tha iad air fiosrachadh a lorg air nach robh sgeul roimhe seo. Bidh sùil againn ri toradh na saothrach aca fhaicinn ann an leabhar ùr le bàrdachd Bhochannain.

ADHBHAR GAIRE

Bha an t-Urr. Raibeart Fionnlaghstan, Fionnlaghstan nan Loch, 'na dhuine iongantach. A bharrachd air a bhith 'na shearmonaiche drùidhteach, chanadh e rudan annasach. An latha a bha seo agus e air bòrd bàta bha puthagan no pèileagan a' snàmh seachad agus coltas gu robh an gnothach a' còrdadh riu. Thug am Fionnlaghstan sùil orra agus dh'èigh e, "A phuthagan bochda, dè a nì sibh nuair nach bi fairge ann nas motha?"

Urnaigh

A Dhè naoimh,
ann an solas do naomhachd
tha sinn a' faicinn cho fada gearr
agus a tha sinn a' tighinn
air an nì a tha còir againn a bhith.
A Dhè neo-chaochlaidich,
tha sinn ag aideachadh
cho furasda agus a tha e dhuinn
a bhith ag atharrachadh.
A Dhè ghràdhaich,
tha sinn ag aithneachadh
cho fuar agus a dh'fhaodas ar gràdh a bhith.
Meudaich ar creideamh, ar dòchas
agus ar gràdh.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Anns an dealbh seo chì sibh Eilean Iarmain
ann an ceann a deas an Eilein Sgitheanaich
àite àlainn a bhios a' tarraing luchd-turais.
Seo far an robh Sir Iain Noble a' fuireach,
a stèidhich Sabhal Mòr Ostaig
a tha a-nis cho ainmeil mar cholaiste Ghàidhlig.